



ALBA | CHRUTHACHAIL

## Maoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig 2016 – Stiùireadh

Tha fàs air tighinn air dràma Gàidhlig air feadh Alba. Tha seo air tachairt aig ìre coimhearsnachd agus ìre phroifeiseanta, agus e air a stiùireadh le daoine is buidhnean aig a bheil ùidh mhòr ann an deagh dhràma agus ann bhith cur air adhart na Gàidhlig.

Tha Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail ag aithneachadh nam buannachdan a thaobh cànan agus nan ealain a gheibh luchd-amhairc is luchd-ealain ann an coimhearsnachdan air an dùthaich agus sna bailtean bho dhràma.

Tha a' Mhaoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig a' toirt taic do na buidhnean a tha cur air adhart dràma Ghàidhlig aig ìre coimhearsnachd agus ìre phroifeiseanta. Tha am prògram seo a' brosnachadh dhaoine gu bhith roinn fiosrachadh, ag obair còmhla agus gu bhith ag obair ann an com-pàirt.

### Cò dh'fhaodas iarrtas a chur a-steach?

Tha a' Mhaoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig fosgailte do bhuidheann sam bith as urrainn sealltainn gun tèid aca air pròiseact a thoirt gu buil gu soirbheachail, agus iad a' coileanadh prìomhachasan an sgeama mhaoineachaidh seo. Chan eil am prògram seo fosgailte do dhaoine fa-leth no buidhnean aig nach eil bonn-stèidh.

Tha sinn airson gum bi buidhnean ag obair ann an com-pàirt ri buidhnean iomchaidh eile no gun gabh iad comhairle bhuapa.

Tha a' Mhaoin fosgailte do phròiseactan a thachras ann an Alba agus bu chòir gum faigh luchd-ealain is luchd-amhairc ann an Alba buannachd às na pròiseactan.

### Prìomhachasan

'S e prìomh amas an sgeama seo leasachaidhean dràma Gàidhlig ionadail a thoirt air adhart agus taic a thoirt dhaibh. As dèidh dhuinn co-chonaltradh farsaing a chumail am measg luchd na dràma, fhuair sinn beachdan air na prìomhachasan as motha a thaobh taic agus chithear gu h-ìosal iad. Bu chòir iarrtasan a bhith ag amas air co-dhiù aon de na prìomhachasan sin.

## Gaelic Drama Development Fund 2016 – Guidelines

Gaelic dramatic production across Scotland is growing. This has been at both community and professional levels and has been led by individuals and organisations who are passionate about quality dramatic production and development of our language.

Bòrd na Gàidhlig and Creative Scotland/Alba Chruthachail recognise the linguistic and artistic benefits which dramatic production brings to audiences and artists in our rural and urban communities.

The Gaelic Drama Development Fund supports groups who are developing Gaelic drama at community and professional levels. The fund encourages information sharing, collaboration and partnerships.

### Who can apply?

The Gaelic Drama Development fund is open to any group which can demonstrate that they can deliver a successful project, meeting the priorities of this fund. The fund is not open to individuals or non-constituted groups.

We are keen to see groups working in partnership or in consultation with other relevant bodies.

This fund is open to projects which will take place in Scotland and should benefit Scottish artists and audiences.

### Priorities

The main priority of this fund is to create and support local Gaelic drama development. Having consulted widely with the sector, the key priorities that have been identified for support are listed below. Applications should target at least one of these priorities.

### **Taic do Dhaoine Òga**

Taic do dh'òigridh airson pàirt a ghabhail ann an dràma Gàidhlig; gu h-àraidh cleasachd, sgrìobhadh, riochdachadh, stiùireadh, obair sna meadhanan ùra agus a bhith ag obair le buidhnean a th' ann mu thràth.

### **Trèanadh is Leasachadh**

Taic do bhuidhnean dràma ionadail a th' ann mu thràth, airson trèanadh a chur air dòigh agus gus obair còmhla ri luchd-proifeiseanta gu cunbhalach.

### **Sgrìobhadh Sgrìobtaichean**

Taic gus sgilean dhaoine a leasachadh a thaobh a bhith sgrìobhadh sgrìobtaichean agus coimiseanan airson dràma ùr a sgrìobhadh.

### **Buidhnean ùra**

A' cur taic ri bhith stèidheachadh bhuidhnean dràma Gàidhlig ionadail ùra.

### **A' togail lionra**

Co-obrachadh le buidhnean dràma ionadail eile tro bhith cumail bhùthan-obrach agus / no tachartasan còmhla.

### **Leasachadh Luchd-èisteachd**

Taic a chur ri obair gus luchd-amhairc ùra a bhrosnachadh gu h-ionadail, tro thaisbeanaidhean dràma (proifeiseanta no neo-phroifeiseanta) agus iomairtean margaidheachd freagarrach.

### **Iomadach Cluiche**

A' cur taic ri buidhnean airson coimhead air diofar sheòrsaichean cleasachd, mar eisimpleir: rèidio, podcasting, dràma-sràide, pupaidean, cabaret, comadaidh, soircas, ealain ioma-thaobhach agus taisbeanaidhean air-loidhne.

### **Mar a chuireas sibh iarrtas a-steach**

Bu chòir do luchd-iarrtais bruidhinn rinn cho luath 's as urrainn ma tha ceistean aca mu dheidhinn a' phròiseict aca. An uair sin, bu chòir am Foirm Iarrtais a lìonadh agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig, cuide ri **pàipearan-taice riatanach** eile. Gabhaidh am foirm iarrtais a chur a-steach sa phost, air post-dealain no tron fhoirm air-loidhne. Feumaidh cunntas banca a bhith aig buidheann nuair a tha iad a' cur a-steach an iarrtais aca.

Mar as tric, faodar iarrtas a chur a-steach airson suas ri **£5,000**. Beachdaichidh sinn air pròiseactan a tha sireadh suas gu £10,000 ach feumaidh sibh bruidhinn ri Oifigear nan Ealain is Cultair ro-làimh.

Faodar suas gu 90% de chosgaisean a' phròiseict iarraidh ach feumaidh 10% tighinn bho thobraichean-maoineachaidh eile.

Bidh an sgeama a' toirt taic do phròiseactan a thachras eadar **1mh Màrt 2016 agus 31 Dùbhlachd 2016**.

### **Involving Young People**

Support for young people to engage with Gaelic drama; particularly in acting, writing, production, direction, working in new media and getting involved with existing groups.

### **Training and Development**

Support for existing local Gaelic drama groups to organise training and engage with professional practitioners on a regular basis.

### **Script Writing**

To support the development of script writing skills locally and the commissioning of new work.

### **New Groups**

Supporting the establishment of new Gaelic drama groups locally.

### **Networking**

Collaboration with other local drama groups through joint workshops and / or performances.

### **Audience Development**

To support the development of audiences locally, through programmes of performances (professional and amateur) and associated marketing initiatives.

### **Performance Diversity**

To support groups to explore performance diversity through, for example radio, podcasting, street theatre, puppetry, cabaret, comedy, circus, multi art-form and on-line productions.

### **How to apply**

Applicants should talk to us as soon as possible if they have any questions about their project. Thereafter, applicants should complete the Application Form and submit it to Bòrd na Gàidhlig, along with other **necessary supporting documents**. The form can be submitted by post, email or through the online form. It is essential that all applicant organisations have an active bank account at the time of applying.

In general, applications may be made for up to a maximum of **£5,000**. Funding of up to £10,000 for projects may be considered but these must be discussed with the Gaelic Arts and Culture Officer beforehand.

Funding of up to 90% of project costs may be requested but at least 10% must come from other sources.

The fund will support projects which will take place between **1st March 2016 and 31st December 2016**.

Bu chòir do luchd-iarrtais dèanamh cinnteach nach eil sgath dhen teachd-a-steach eile aca airson a' phròiseict a' tighinn bho sgeamaichean maoinachaidh eile aig Alba Chruthachail no Bòrd na Gàidhlig.

Applicants should ensure that no other part of the income for their proposed project is being received through another Creative Scotland or Bòrd na Gàidhlig funding scheme.

## Ceann-latha airson Iarrtasan

Bu chòir dhuibh iarrtas a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig cho luath 's as urrainn agus feumaidh e a bhith a-staigh ro **9m Diluain, 1 Gearran 2016**. Cha ghabh Bòrd na Gàidhlig ri iarrtasan a thig a-steach an dèidh 9m air 1 Gearran.

## Closing Date for Applications

Funding applications should be submitted to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible but no later than **9am on Monday, 1 February 2016**. Bòrd na Gàidhlig will not accept applications which are received after 9am on 1 February.

## Dè thachras nuair a thèid iarrtas a chur a-steach?

Thèid freagairt a chur gu gach neach-iarrtais gus dearbhadh gun d' fhuair Bòrd na Gàidhlig an t-iarrtas aca.

## What happens after an application is submitted?

All applicants will receive an acknowledgement to confirm that Bòrd na Gàidhlig received their application.

Thathas an dùil gun tèid fios mu cho-dhùnaidhean a thaobh a maoinachaidh a chur gu luchd-iarrtais sa Ghèarran 2016.

Applicants will be informed of the decision on their application in February 2016.

Ma thèid gabhail ri iarrtas maoinachaidh, thèid litir tairgse a chur a-mach chun an luchd-iarrtais, a chuireas an cèill dè an ìre de mhaoineachadh a fhuair sibh agus dè na cumhachan a th' ann. Feumaidh gach neach-iarrtais a tha air soirbheachadh an ainm a chur ris an litir tairgse aca agus sin a thilleadh gu Bòrd na Gàidhlig taobh a-staigh mìos, còmhla ri fios air an latha a tha am pròiseact a' tòiseachadh agus fiosrachadh mu chunntas banca na buidhne.

If a funding application is approved, a letter of offer will be sent to the applicant and will explain the level of funding agreed and the conditions that apply. We will then require all successful applicants to return their signed letter of offer to Bòrd na Gàidhlig within one month, along with confirmation of the project start date and the organisation's bank details.

## Fiosrachadh Eile

'S e buidheann reachdail a th' ann am Bòrd na Gàidhlig, le dleastanas airson cànan is cultar Gàidhlig na h-Alba a chur air adhart.

## Other Information

Bòrd na Gàidhlig is a statutory body with responsibility for promoting Scottish Gaelic language and culture.

'S e buidheann nàiseanta a th' ann an Alba Chruthachail, le dleastanas airson nan ealain, an sgrìon, agus nan gnìomhachasan cruthachail, agus iad a' maoinachadh, le airgead bho Riaghaltas na h-Alba is an Crannchur Nàiseanta, leasachaidhean cruthachail a thig gu buil ann an Alba a-nis agus san àm ri teachd.

Creative Scotland is the national agency for the arts, screen and creative industries, distributing funds from Scottish Government and the National Lottery towards the development of Scotland's creative future.

Tha ochd raointean leasachaidh anns a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2012-17. 'S iad sin: Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean; Foghlam: Sgoiltean agus Tidsèaran; Foghlam: Foghlam Iar-sgoile; Coimhearsnachdan; An t-Àite-obrach; Na h-Ealain agus na Meadhanan; Dualchas agus Turasachd; agus Corpas.

The National Gaelic Language Plan 2012-17 sets out eight development areas. These are; Home & Early Years, Education: Schools & Teachers, Education: Post-school Education, Communities, Workplace, Arts & Media, Heritage & Tourism, and Corpus.

Tha còig prìomh amasan aig Alba Chruthachail.  
Tha sinn ag iarraidh gum bi Alba na dùthaich:

- Far am bi daoine a' cur luach ann agus a' toirt aithne do shàr obair is innleachdas sna h-ealain, air an sgrion agus sna gnìomhachasan cruthachail.
- Far am faigh a h-uile duine cothrom a dhol an sàs ann an nithean ealanta is cruthachail.
- Far an tig cruth-atharrachadh air àiteachan is beatha dhaoine ri linn ar mac-meanmna, àrd-amasan agus tuigse air na buannachdan a dh'fhaodas tighinn bho bhith cruthachail.
- Far am bi luchd-stiùiridh is luchd-obrach eadar-dhealaichte, aig a bheil sàr sgilean agus a nì rudan an dàimh ri chèile, a' toirt beachdan-smaoin gu buil.
- Tha Alba na nàisean sònraichte, cruthachail a tha mar phàirt den t-saoghal mhòr.

Tha lethbhreac eileagtronaigeach den Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2012-17 air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk). Gheibh sibh lethbhreacan de na phlanaichean aig Alba Chruthachail an seo: [www.albachruthachail.com](http://www.albachruthachail.com). Bhiodh e na chuideachadh do thagraichean nan cuireadh iad eòlas air na sgrìobhainnean seo agus amasan na dà bhuidhne mus cuir iad iarrtas a-steach chun na Maoin Leasachadh Dràma Ghàidhlig.

## Tuilleadh fiosrachaidh

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh is foirm iarrtais bho Bhòrd na Gàidhlig le bhith cur fios gu:

**Bòrd na Gàidhlig**  
**Taigh a' Ghlinne Mhòir**  
**Rathad na Leacainn**  
**Inbhir Nis**  
**IV3 8NW**

**Fòn:** 01463 225454  
**Post-d:** [tabhartas@gaidhlig.org.uk](mailto:tabhartas@gaidhlig.org.uk)  
**Làrach-lìn:** [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk)

Creative Scotland has five main aims. We want Scotland to be a country where:

- Excellence and experimentation across the arts, screen and creative industries is recognised and valued.
- Everyone can access and enjoy artistic and creative experiences.
- Places and quality of life are transformed through imagination, ambition and an understanding of the potential of creativity.
- Ideas are brought to life by a diverse, skilled and connected leadership and workforce.
- Scotland is a distinctive creative nation connected to the world.

An electronic version of the National Gaelic Language Plan 2012-17 is on the Bòrd na Gàidhlig website [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk). Creative Scotland's plans can be downloaded from the Creative Scotland website: [www.creativescotland.com](http://www.creativescotland.com). It would be of assistance to applicants if they familiarise themselves with these key documents and the two organisations' objectives prior to submitting an application to the Gaelic Drama Development fund.

## Further information

Further information and an application form can be obtained by contacting Bòrd na Gàidhlig as detailed below:

**Bòrd na Gàidhlig**  
**Great Glen House**  
**Leachkin Road**  
**Inverness**  
**IV3 8NW**

**Tel:** 01463 225454  
**E-mail:** [tabhartas@gaidhlig.org.uk](mailto:tabhartas@gaidhlig.org.uk)  
**Website:** [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk)